Curraicealam airson Sàr-mhathais tro Ionnsachadh air a' Bhlàr A-muigh

Learning +Teaching Scotland

SQA

HMIe improving Scottish education

smarter scotland SCOTTISH GOVERNMENT

© Ionnsachadh agus Teagasg Alba 2010 ISBN

978-184399-180-9

Facal-toisich a' Mhinisteir

'S e an lèirsinn againn gum bi clann is daoine òga na h-Alba nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, nan daoine misneachail, nan saoranaich earbsach agus nan com-pàirtichean èifeachdach. 'S e seo aon de na builean nàiseanta a chaidh a chur an cèill sa cho-chòrdadh le Riaghaltas ionadail agus tha e aig cridhe a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais.

Chan fheum ionnsachadh tachairt ann an togalaichean foghlaim a-mhàin. Tha comas ionnsachaidh nach beag ann air a' bhlàr a-muigh. Tha sinn glè fhortanach gu bheil a leithid de dh'àrainneachdan beartach againn, bailteil agus dùthchail, air an stairsnich, mar gum b' eadh, agus gum faodar eòlasan ionnsachaidh na cloinne is daoine òga againn a mheudachadh le bhith a' cur comas a' bhlàir a-muigh gu feum don ìre bu mhotha. 'S e rùn Riaghaltas na h-Alba gum bi eòlasan ionnsachaidh deimhinneach aig a' chloinn is daoine òga againn air fad ann an diofar shuidheachaidhean. 'S ann air an adhbhar seo a tha sinn a' cur airgead a-steach ann an cur an cèill agus cur air adhart stiùireadh ùr gus taic a thoirt do na cothroman a gheibhear sa churraicealam sgoile ùr airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh. Tha an stiùireadh soilleir gu bheil am blàr a-muigh a' tabhann ghnìomhachdan brosnachail, beòthaichte, diofaraichte, buntainneach agus so-ruigsinneach, bho thràth-bhliadhnaichean gu colaiste.

Gabhaidh eòlasan ionnsachaidh adhartach air a' bhlàr a-muigh a lìbhrigeadh nas fheàrr tro choimeasgadh de dh'ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a tha stèidhte san sgoil agus pròglaman còmhnaidheach. Tha mi a' cur fàilte air Curraicealam airson Sàr-mhathais tro Ionnsachadh air a' Bhlàr A-muigh, a bhios, còmhla ri goireas-taice air-loidhne, a' cur seo ann an co-theacsa agus a' toirt eisimpleirean de dheagh chleachdadh ann an ionnsachadh adhartach bho aoisean 3 gu 18. Bidh an stiùireadh a' cuideachadh luchd-teagaisg, luchd-foghlaim agus an com-pàirtichean gus ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh fhighe a-steach ann an cleachdadh gus eòlasan ionnsachaidh cumhachdach a thoirt seachad, agus bu mhath leam taing a thoirt gu pearsanta don h-uile duine a bha an sàs ga ullachadh.

Brosnaichidh mi a h-uile duine sa choimhearsnachd-sgoile gus Curraicealam airson Sàr-mhathais air a' Bhlàr A-muigh a leughadh agus na cothroman a gheibhear sa Churraicealam airson Sàr-mhathais a chur gu feum gus cothroman cruthachail, seasmhach, adhartach a chruthachadh sam faodadh clann is daoine òga uile pàirt a ghabhail ann an raon de dh'eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh.

Keith Brown BPA
Ministear airson Sgilean agus Ionnsachadh Fad-bheatha

Clàr-innse

Facal-toisich a' Mhinisteir 4

Ro-ràdh 6

Lèirsinn agus feallsanachd 9

An t-àite a th' aig ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh taobh a-staigh Curraicealam airson Sàr-mhathais 11

Eòlasan adhartach 13

Planadh 16

In-ghabhaltachd agus co-ionannachd 18

Ionnsachadh agus teagasg air a' bhlàr a-muigh 19

A' co-obrachadh le com-pàirtichean 20

Com-pàirteachadh phàrantan is luchd-cùraim 22

Àitichean far am faodar ionnsachadh a-muigh 22

Eòlasan ionnsachaidh còmhnaidheach 24

Ag aithneachadh coileanadh agus buileachadh 27

Goireas fèin-luachaidh 30

Tùs-thrèanadh thidsear agus leasachadh proifeiseanta leantainneach 31

Toirt fa-near slàinte is sàbhailteachd 33

Cur an gnìomh 35

Co-dhùnadh 37

còmhdach-cùil 40

Ro-ràdh

Is tric gum bi eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh gan cuimhneachadh fad beatha. Le bhith ag amalachadh ionnsachadh agus eòlasan air a' bhlàr a-muigh, an dara cuid tro chluiche san raon-chluiche no ann an dàna-thursan nas fhaide air falbh, thathar a' toirt buntainneas agus doimhneachd don churraicealam ann an dòighean nach gabhadh coileanadh gu furasta a-staigh.

Faodaidh ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a bhith tlachdmhor, cruthachail, dùbhlanach agus dàna, agus bidh e a' cuideachadh chlann is dhaoine òga a bhith ag ionnsachadh tro fhèin-fhiosrachadh agus a' fàs mar shaoranaich mhisneachail agus cunntachail a bhios a' cur meas air, agus a' cur sùim ann an, seallaidhean-tìre iongantach, dualchas nàdarra agus cultar na h-Alba.

'S fheudar gum bi an t-slighe tro fhoghlam a bhios pàiste sam bith ann an Alba a' siubhail a' gabhail a-steach cothroman airson sreath de shàr eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a chaidh a phlanadh ro làimh. Chaidh Curraicealam airson Sàr-mhathais tro Ionnsachadh air a' Bhlàr A-muigh a dhealbhachadh gus luchd-teagaisg, luchd-foghlaim, leasachadh is ionnsachadh coimhearsnachd (cld) agus na com-pàirtichean aca, a' gabhail a-steach an raon saor-thoileach, eòlasan ionnsachaidh a phlanadh gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh, a tha adhartach agus seasmhach, air am fighe a-steach sa churraicealam ùr.

Tha ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a' cur ri lìbhrigeadh amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba a thaobh 'cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile':

> *Nas sgairteile* – bidh ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh gus an t-eadar-obrachadh agus an dàimh eadar raointean a' churraicealaim a thuigsinn. Bidh am mothachadh seo a' brosnachadh ionnsachadh fad-bheatha agus a' leasachadh sgilean breithneachaidh.
>
> *Nas fhallaine* – faodaidh ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh cur-seachadan fad-bheatha fhosgladh suas. Bidh gnìomhachdan leithid coiseachd agus rothaireachd, a tha sàr-mhath airson sunnd corporra is faireachail, a' cur ri Alba nas fhallaine. Tha na h-Albannaich cliùiteach airson ghnìomhachdan dàna leithid sreapadaireachd agus tha iad air soirbheas spòrs eadar-nàiseanta a chosnadh ann an curachanachd, seòladh agus sgìtheadh.
>
> *Nas sàbhailte agus nas làidire* – bidh gnìomhachdan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a' dol thairis air sgaraidhean sòisealta agus faodaidh iad cuideachadh gus coimhearsnachdan nas làidire a thogail. Bidh pròglaman leigheasail aig cuid de bhuidhnean far a bheil dreuchd chudromach ga cluiche le ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh. Tha cothroman aig clann is daoine òga sgilean a leasachadh gus cunnartan a mheasadh agus a chumail fo rianachd nuair a thathar a' dèanamh cho-dhùnaidhean.
>
> *Nas uaine* – bidh ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a ghabhas àite gu tric agus gu cunbhalach a' brosnachadh chlann is dhaoine òga gu bhith an sàs ann an dualchas nàdarra agus togte. Tha sgìrean dùthchail is bailteil na h-Alba a' tairgse shuidheachaidhean sàr-mhath airson clann is daoine òga a bhith a' tuigsinn dè cho cudromach, ann an co-theacsa a' chruinne-cè, 's a tha cùisean so-sheasmhachd agus gus cumadh a thoirt do cho-dhùnaidhean pearsanta a bhios a' cur ri Alba nas uaine.
>
> *Nas beartaiche agus nas cothromaiche* – tha am blàr a-muigh a' tairgse chothroman mìorbhaileach airson raon farsaing de sgilean is comasan a chleachdadh nach fhaicear an-còmhnaidh san t-seòmar-teagaisg. Nuair a dh'fhàsas daoine mothachail air sgilean den leithid seo, faodaidh seo an sealladh pearsanta aca, agus sealladh an co-aoisean agus an luchd-obrach, atharrachadh gu bunasach agus atharrachaidhean mòra adhbharachadh anns na tha iad an dùil a thaobh beatha agus soirbheas.

Tha an sgrìobhainn seo a' mìneachadh na dreuchd chudromaich a th' aig ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh sa churraicealam ùr. Tha i toirt fios air dòighean sam faod luchd-teagaisg, luchd-foghlaim agus na com-pàirtichean aca planaichean a dhèanamh gus am blàr a-muigh a chleachdadh gus ionnsachadh is teagasg a lìbhrigeadh a tha buntainneach, beòthail agus brosnachail. [1]Tha uallach air luchd-obrach uile, ge bith an ìre sa bheil iad an sàs ann am foghlam na cloinne is daoine òga, am blàr a-muigh a chur gu feum san dòigh as fheàrr gus taic a thoirt do lìbhrigeadh eòlasan is amasan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais.

Tha leasachaidhean ann an ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a' faighinn taic tro Glow agus tron ghoireas air-loidhne air ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a rinneadh le Ionnsachadh agus Teagasg Alba, a chaidh a dhealbhachadh air thoiseach ann an com-pàirteachas le Dualchas Nàdarra na h-Alba, Coimisean Coilltearachd na h-Alba agus pannal comhairleachaidh na h-Alba air ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh. Tha an goireas air-loidhne a' toirt taic dhaibhsan uile a tha an sàs ann an ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh agus tha e a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air cùisean leithid a bhith a' planadh eòlasan ionnsachaidh agus a bhith a' taghadh àitichean. San eagran pdf den sgrìobhainn air-loidhne, tha ceanglaichean ann, air am fighe a-steach, ri earrannan de stiùireadh a bharrachd a tha ri fhaotainn aig a' ghoireas air-loidhne.

Chaidh na goireasan ionnsachaidh seo a dhèanamh le Ionnsachadh agus Teagasg Alba agus le buill na buidhne comhairleachaidh ro-innleachdail air ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh. Bu mhath leinn obair na buidhne comhairleachaidh air ceanglaichean a' bhlàir a-muigh (2005–07) aithneachadh agus taing a thoirt don raon fharsaing de chom-pàirtichean agus buidhnean airson na chuir iad a-steach.

[1] HMie, A' Leasachadh Foghlam na h-Alba, 2005–2008 *(Improving Scottish Education 2005–2008)*, Am Faoilleach 2009

Lèirsinn agus feallsanachd

Lèirsinn

’S e an lèirsinn againn airson ionnsachadh air a bhlàr a-muigh ann an Alba:

- gum bi a’ chlann is daoine òga uile a’ gabhail pàirt ann an raon de dh’eòlasan ionnsachaidh air a bhlàr a-muigh, a tha adhartach agus cruthachail, agus a tha gu soilleir nam pàirt den churraicealam
- gum bi sgoiltean is ionadan a’ toirt seachad cothroman cunbhalach, bitheanta, tlachdmhor is dùbhlanach don chloinn is daoine òga uile airson ionnsachadh air a’ bhlàr a-muigh fad a’ chùrsa-sgoile aca agus na dèidh
- gum bi luchd-teagaisg is luchd-foghlaim a’ fighe a-steach ionnsachadh air a’ bhlàr a-muigh sa churraicealam air chor ’s gum bi ionnsachadh san àrainneachd a-muigh a’ tighinn gu bith airson clann is daoine òga uile.

Feallsanachd

Tha *Curraicealam airson Sàr-mhathais* a’ tairgse chothroman gus am faod a’ chlann is daoine òga uile buannachd fhaighinn, air an son fhèin, à eòlasan ionnsachaidh air a’ bhlàr a-muigh, co-dhiù ann an raointean na sgoile, ann an àiteachan uaine bailteil, air an dùthaich ann an Alba no ann an àrainneachdan nas fhiadhaiche. Bidh leithid a dh’eòlasan a’ brosnachadh na cloinne is daoine òga againn gu bhith nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail agus gu bhith a’ leasachadh mar shaoranaich fhallain, mhisneachail, iomairteach agus cunntachail.

Bidh ionnsachadh air a’ bhlàr a-muigh, far a bheil e deagh-structaraichte agus air a dheagh phlanadh, a’ cuideachadh gus sgilean a leasachadh, leithid ceasnachadh, breithneachadh agus meòrachadh, a bhios riatanach ma tha clann is daoine òga gu bhith a’ coinneachadh ri dùbhlain shòisealta, eaconamach agus àrainneachdail na beatha a gheibhear san 21mh Linn. Bidh ionnsachadh air a’ bhlàr a-muigh a’ ceangal clann is daoine òga ris an t-saoghal nàdarra, ris an dualchas thogte againn agus ris a’ chultar is ris a’ chomann shòisealta againn, agus bidh e a’ brosnachadh com-pàirteachadh is dèanadas fad-bheatha ann am blàr a-muigh na h-Alba.

Tha prìomh luachan a’ Churraicealaim airson Sàr-mhathais ag ath-fhuaimneachadh ri prìomh bhun-bheachdan maireann airson ionnsachadh air a’ bhlàr a-muigh. Tha dùbhlan, tlachd, buntainneas, doimhneachd, leasachadh a’ phearsa air fad agus dòigh-obrach dhàna airson ionnsachadh aig cridhe an eòlais-teagaisg air a’ bhlàr a-muigh. Tha am blàr a-muigh a’ brosnachadh luchd-obrach agus oileanaich a bhith a’ faicinn a chèile ann an solas eadar-dhealaichte, a’ togail dhàimhean deimhinneach agus a’ leasachadh fèin-mhothachadh agus tuigse air càch.

Bidh com-pàirteachasan eadar luchd-obrach ann an sgoiltean is suidheachaidhean foghlaim eile ri buidhnean eile a’ cruthachadh dàimhean-obrach a bhios a’ cur ri leasachadh proifeiseanta an luchd-teagaisg is luchd-foghlaim agus a’ togail shlighean soilleir airson eòlasan is builean a’ Churraicealaim airson Sàr-mhathais a lìbhrigeadh air a’ bhlàr a-muigh.

Le bhith a’ toirt na lèirsinne seo gu buil, bithear a’ cur ri sunnd na cloinne is daoine òga againn agus gan comasachadh a bhith nan saoranaich ath-leumach, chunntachail agus nan luchd-ionnsachaidh fad-bheatha soirbheachail, a bhios a’ cur meas air a’ chruth-tìre is air a’ chultar againn agus a’ cur gu h-èifeachdach ris a’ chomann-shòisealta ionadail agus chruinneil againn.

An t-àite a th' aig ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh taobh a-staigh A' churraicealam airson Sàr-mhathais

*'Tha **còir** aig clann is daoine òga air curraicealam a bhios a' gabhail a-steach raon de fheartan aig diofar ìrean . . . 'S ann air sgoiltean agus an com-pàirtichean a tha an t-uallach gus eòlasan is builean a thoirt ri chèile agus na làn-chòraichean nàiseanta a chur an gnìomh gus pròglaman airson ionnsachadh a chruthachadh tarsainn curraicealam farsaing . . . Air feadh a' churraicealaim fharsaing seo, thathar an dùil gum bithear a' cur cuideam air co-theacsaichean Albannach, cultaran Albannach agus eachdraidh na h-Alba agus an t-àite a th' aice san t-saoghal. Bu chòir gu bheil am planadh seo a' nochdadh **nam prionnsapalan airson dealbhachadh a' churraicealaim**.*[2]

Tha na h-atharrachaidhean cruth-atharrachail a tha a' tachairt sa churraicealam a' tairgse chothroman da-rìribh do chlann is daoine òga airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh. Tha an sreath *A' togail a' Churraicealaim* a' cur an cèill freàm-obrach curraicealaim airson cho-theacsaichean ionnsachaidh a chithear ann an iomadh eòlas is buil a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais.

Tha eisimpleirean bho na pàipearan *Curraicealam airson Sàr-mhathais: Prionnsapalan agus Cleachdadha* tha co-cheangailte ris a' bhlàr a-muigh a' gabhail a-steach:

- 'a' brosnachadh agus a' gabhail brath air a' chomas a bhith a' faighinn eòlasan ionnsachaidh agus dùbhlain ùra air a' bhlàr a-muigh' – Slàinte agus sunnd
- 'fhad 's a tha clann is daoine òga a' dèanamh adhartas san ionnsachadh aca air na saidheansan, faodaidh luchd-teagaisg brath a ghabhail air cothroman airson rannsachadh sna h-àrainneachdan ionadail, nàdarra agus togte' – saidheansan
- 'ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh, tursan-ionnsachaidh agus ion-chur bho cho-thabhartaichean a-muigh' – eòlas sòisealta.

Tha cothroman airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh rim faotainn taobh a-staigh agus tarsainn a h-uile raon curraicealaim, a' gabhail a-steach nan cuspairean airson leasachadh air feadh ionnsachadh, leithid iomairt ann am foghlam, foghlam air leasachadh so-sheasmhach agus saoranachd na cruinne. Tha ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh na phàirt de raon farsaing de mhodhan-obrach airson sgilean a leasachadh. Tha *A' togail a' Churraicealaim 4* a' cur an cèill mar a bu chòir na modhan-obrach a bhith air an amaladh:

'Cha bu chòir dhuinn na modhan-obrach practaigeach seo fhaicinn mar rudeigin a bharrachd no mar chruth eile de dh'ionnsachadh ach mar phàirt de fhèin-fhiosrachadh amalaichte.[3]

[2] *A' togail a' Churraicealaim 3: Freàm-obrach airson ionnsachadh is teagasg*, 2008

[3] *A' togail a' Churraicealaim 4 Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair (Building the Curriculum 4: Skills for learning, skills for life and skills for work*), 2009

Bidh diofar eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a' tairgse chothroman airson sgilean pearsanta is sgilean ionnsachaidh a leasachadh, ann an raointean leithid conaltradh, fuasgladh dhuilgheadasan, teicneòlas fiorsachaidh, obair le càch agus sgilean breithneachaidh.

Faodaidh ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh cur gu mòr ri litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd. Ann an litearrachd, tha cothroman ann gus diofar theacsaichean a chleachdadh: am briathar beòil, cairtean, mapaichean, clàran-ama agus stiùireadh. Ann an àireamhachd, tha cothroman ann gus ceàrnan a thomhas agus cùrsaichean is ùineachan turais obrachadh a-mach. Ann an slàinte is sunnd, tha cothroman ann gu bhith gnìomhach gu corporra ann an dòighean eile agus gus sunnd faireachail agus slàinte-inntinn a leasachadh.

Mar sin, tha ionnsachadh air a bhlàr a-muigh a' tairgse mòran chothroman do luchd-ionnsachaidh gus an tuigse a dhoimhneachadh is a chur an co-theacsa taobh a-staigh raointean a' churraicealaim agus gus ionnsachadh a cheangal tarsainn a' churraicealaim ann an diofar cho-theacsaichean agus aig a h-uile ìre.

'S fheudar gum bi an t-slighe tro fhoghlam a bhios pàiste sam bith ann an Alba a' siubhail a' gabhail a-steach cothroman airson sreath de shàr eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a chaidh a phlanadh ro làimh.

'"A-muigh . . . Tha clann ag aisig sgilean agus ionnsachadh tarsainn cho-theacsaichean. Faodar litearrachd agus àireamhachd, mar eisimpleir, a dhèanamh air a' bhlàr a-muigh tro phròiseact eòlais àrainneachd.

Oifigear leasachaidh a' churraicealaim airson sàr-mhathais ann an ùghdarras ionadail

Bidh iad a' tuigsinn dè tha iad a' dèanamh tòrr a bharrachd – tha e glè mhath a bhith a' coimhead air leabhraichean agus a' bruidhinn air nithean, ach ma tha iad a-muigh ga dhèanamh, bidh e fada nas fhìrinnich dhaibh agus tha mi a' smaointinn gum bi sin gan cuideachadh ann a bhith a' tuigsinn.'

Ball comhairle nam pàrant

Eòlasan adhartach

'Gabhaidh a h-uile taobh den churraicealam a rannsachadh air a' bhlàr a-muigh. Bidh na seallaidhean, fuaimean is fàilidhean a-muigh, am faireachdainn gu bheil thu dlùth ri nàdar, an dòigh sam bi a' mhòr-chuid de chlann air biod, an t-iongnadh agus am feòrachas uile ag obair gus ionnsachadh a mheudachadh agus a bhrosnachadh.'[4]

Tha deagh bhun-stèidh aig ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh taobh a-staigh suidheachaidhean nan tràth-bhliadhnaichean, a' gabhail a-steach iomadh eisimpleir de dheagh chleachdadh tro ghnìomhachdan ann an sgìrean ionadail.

Airson raon adhartach de dh'eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a chleachdadh, dh'fhaodte gum feumar co-theacsaichean ionadail a chur gu feum don ìre as motha a ghabhas agus tadhal a dhèanamh air àitichean iomadh turas gus doimhneachd a chur ris an eòlas san fharsaingeachd. Bho stèidh-amhairc an neach-ionnsachaidh, bidh gach turas, fiù 's don aon àite, a' tairgse sealladh eadar-dhealaichte, a' beartachadh a' churraicealaim agus a' toirt seachad barrachd co-leanailteas. Mar eisimpleir, ma thathar a' tadhal air tuath ionadail, bidh diofar bhuilean ann am C3 an coimeas ri tadhal air an aon tuath ann am C7. Mar an ceudna, far a bheilear an sàs ann an gnìomhachd àrainneachdail air a treòrachadh le maor-dùthcha, bidh diofar bhuilean ann ma tha an turas a' tachairt ann an AS1 agus ann an AS4. Bidh planadh cruthachail a' leigeil le eòlasan is builean a bhith air an cleachdadh ann an diofar cho-theacsaichean a' bhlàir a-muigh air feadh ìrean a' churraicealaim, a' fighe snàth de dh'eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a tha a' ceangal gu dìreach ri eòlasan 'taobh a-staigh'. Nuair a tha eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh air am fighe a-steach sa churraicealam, bidh cearcall an ionnsachaidh a' tachairt gu nàdarra mar a bhios a' tachairt sa chuid as motha de shuidheachaidhean nan tràth-bhliadhnaichean.

Le ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a' fàs nas 'cunbhalaiche agus nas trice', bidh cleachdadh ga leasachadh agus an raon-sgoile agus àitichean ionadail gan cur gu barrachd feum. Is tric gur e an raon-sgoile a' chiad cheum airson sgoilearan a thoirt chun a' bhlàir a-muigh agus airson luchd-obrach a tha a' beachdachadh air mar a thèid aca air adhartas a dhèanamh gu co-theacsaichean ionnsachaidh nas fhaide air falbh. Is urrainn do chlann nas òige, gu h-àraid, an raon-sgoile aca a rùrachadh, agus faireachdainn gu bheil seilbheadaireachd aca orra, nan àm fhèin gach latha. A bharrachd air co-theacsaichean airson ionnsachadh a thoirt seachad, faodaidh raointean-sgoile a bhith a' ruigsinn a-mach don choimhearsnachd ionadail mar chom-pàirtichean, a dh'fhaodas ealantas, ionmhas agus goireasan eile airson pròiseactan leasachaidh a thoirt seachad.

Tha ro-innleachd oighreachd nan sgoiltean aig Riaghaltas na h-Alba ag iarraidh air ùghdarrasan ionadail 'toirt fa-near ciamar as urrainnear raointean-sgoile agus àitichean a-muigh a chur gu feum san dòigh as fheàrr mar phàirt bhunaiteach den àrainneachd ionnsachaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil dealbhadh cruth-tìre a' cheart cho cudromach 's a tha dealbhadh thogalaichean.'[5] Bidh lèirsinn fhad-ùineach airson raointean-sgoile air feadh an ùghdarrais ionadail, tro phlanaichean rianachd airson oighreachd nan sgoiltean, a' cuideachadh gus an comas aca a thoirt gu buil san dòigh as fheàrr mar àrainneachd ionnsachaidh.

[4] *A' togail a' Churraicealaim 2: Ionnsachadh gnìomach sna tràth-bhliadhnaichean 2007*
[5] Riaghaltas na h-Alba, *A' togail sgoiltean nas fheàrr: A' tasgadh san àm ri teachd airson Alba, 2009*

‘Is toigh leam an ealain a chionn ’s gu bheil i a’ dèanamh an raoin-sgoile mar àite nas sona agus nas aite.’

Aig an sgoil againne, bha ‘là feachd na talmhainn’ againn (*‘ground force day’*) – bha inbhich agus clann a’ cuideachadh gus na figearan seo a chruthachadh a tha ceangailte ris an fheansa. Tha iad a’ dèanamh na sgoile nas inntinnich agus nas furanaiche. Ro làimh, bha am feansa dìreach dòrainneach, doilleir; a-nis, thathar a’ faireachdainn gu bheil e freagarrach do chlann.’

Sgoilearan bun-sgoile a’ bruidhinn mu dheidhinn an raoin-sgoile aca

Tha suidheachadh thogalaichean cudromach airson tuigse fhaighinn air atharracha idhean ann an co-theacsaichean ionadail. Mar eisimpleir, dh’fhaodadh gu bheil cothroman gu leòr aig sgoiltean dùthchail tadhal air ‘àitichean uaine’ [6]agus gun roghnaich iad a dhol gu àrainneachdan bailteil. Dh’fhaodadh buidheann-òigridh ceann a-staigh baile, ge-tà, cur romhpa a bhith a’ tadhal air àitichean uaine gus co-chothromachadh a thoirt don raon de dh’eòlasan aca. Cha bu chòir gu bheil farsaingeachd is doimhneachd an ionnsachaidh ceangailte ri astar air falbh bhon togalach.

[6] Tha am briathar ‘àite uaine’ ga chleachdadh fad is farsaing a-nis agus is tric thathar ga chleachdadh gus pàircean, raointean-cluiche agus raointean-spòrs a chomharrachadh mar àitichean a tha air leth bho raointean leithid sràidean, msaa. Bidh daoine òga ann an sgìrean dùthchail cuideachd a’ cleachdadh àitichean uaine. Bhiodh lèirsinn nas fharsainge a’ gabhail a-steach an àrainneachd neo-thogte air fad.

Planadh

Gus prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais a choileanadh air feadh a h-uile ìre ann an caochladh de cho-theacsaichean a' bhlàir a-muigh, tha feum ann air planadh cùramach agus ioma-chuimseach a bharrachd air deagh fhios air na h-eòlasan is builean. Tha e riatanach gu bheil a h-uile com-pàirtiche a' co-phàirteachadh lèirsinn air slighe an ionnsachaidh bho 3 gu 18 agus thairis air sin agus feumaidh gu bheil breithneachadh is conaltradh soilleir am measg luchd-obrach thar ìrean a' churraicealaim agus eadar com-pàirtichean. Faodaidh eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a bhith gu h-àraid èifeachdach ann a bhith a' toirt taic do dh'eadar-ghluasadan rèidh eadar ìrean. Thathar a' cuideachadh planadh airson eòlasan ionnsachaidh deimhinneach nuair a tha luchd-teagaisg is luchd-foghlaim a' toirt fa-near fèin-fhiosrachadh na cloinne is dhaoine òga air ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh.

Tha Figear 1 a' sealltainn mar a tha an neach-ionnsachaidh agus na h-eòlasan is builean cudromach do raon de cho-theacsaichean a' bhlàir a-muigh.

Figear 1: planadh airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh



Ceistean cnuasachaidh a thathar a' moladh airson planadh

- Dè na h-eòlasan aig am bi a' bhuaidh as motha air ionnsachadh ma thathar gan dèanamh air a' bhlàr a-muigh?
- Ciamar as urrainnear ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh ionnsachadh a mheudachadh agus a dhoimhneachadh ann an raointean curraicealaim?
- Dè na h-eòlasan as freagarraiche do choimeasgadh de dh'ionnsachadh a-staigh agus air a' bhlàr a-muigh?
- Ciamar as fheàrr as urrainnear ionnsachadh a-staigh a dhaingneachadh, adhartachadh no a mheudachadh le bhith a' cleachdadh a' bhlàir a-muigh?
- Dè na cothroman a th' ann airson ceanglaichean a dhèanamh eadar ionnsachadh thar a' churraicealaim?

Gu cudromach, bu chòir gu bheil planadh a' ceadachadh tursan ionadail 'bhàrr na sgeilpe', a thathar a' dèanamh 'air an spot' no gun phlanadh ro làimh, nuair a tha, mar eisimpleir, an t-sìde freagarrach no fàbharach. Bu chòir do luchd-foghlaim Glow a chleachdadh gus cothrom fhaighinn air goireasan a bhios gu gnìomhach a' brosnachadh, agus a' toirt taic do, ionnsachadh is teagasg cruthachail, a' comasachadh chlann is dhaoine òga gus an eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a chom-pàirteachadh air feadh Alba.

In-ghabhaltachd agus co-ionannachd

Tha stiùireadh air iomadachd chultarach, shòisealta glè chudromach do phlanadh agus feumar dèiligeadh ris fada ro làimh nuair a thathar a' planadh gus buidhnean a thoirt a-mach. Gus cuideachadh a thoirt do phlanadh, gheibhear fiosrachadh air reachdas co-ionannachd agus stiùireadh air mar a thathar ga chur an gnìomh sa ghoireas air-loidhne.

Tha e cudromach gu bheilear a' dèanamh cinnteach nach bi duine sam bith a' call chothroman tro leth-bhreith, claon-bhreith no às-dùnadh air sàilleibh adhbharan leithid cinneadh, gnè no ciorram. Bu chòir a h-uile oidhirp a dhèanamh gus cnapan-starra gu com-pàirteachadh a chomharrachadh agus a cheannsachadh cho tràth 's a ghabhas. Bidh na cnapan-starra seo eadar-dhealaichte airson diofar bhuidhnean ach dh'fhaodadh iad gabhail a-steach, mar eisimpleir, duilgheadasan conaltraidh, ciorraman-bodhaige, cuibhreachaidhean ionmhasail no cùisean cràbhach/cultarach. Dh'fhaodte gum bi planadh ag iarraidh co-chòmhradh ri luchd-pàirteachaidh, luchd-ùidhe agus buidhnean no gum bi feum ann air comhairle a shireadh bhuapasan a tha a' speisealachadh ann an taic a thoirt do bhuidhnean cho-ionannachdan gus dèanamh cinnteach gum faod a h-uile neach-ionnsachaidh cothrom fhaighinn air a' churraicealam.

Tha làn-chòir aig a h-uile pàiste is duine òg air taic phearsanta, mar a chaidh a mhìneachadh ann an *A' togail a' Churraicealaim 3*, agus bu chòir gu bheil seo a' comasachadh nan cothroman a gheibhear tron Churraicealam airson Sàr-mhathais a bhith air a mhealtainn chun na h-ìre as motha a ghabhas le luchd-ionnsachaidh uile.

Ionnsachadh agus teagasg air a' bhlàr a-muigh

Faodaidh ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a bhith na cho-theacsa foghlaim a bhios a' brosnachadh chlann is dhaoine òga gus ceanglaichean a dhèanamh gu fèin-fhiosrachail, a' toirt orra tuigse nas doimhne fhaighinn taobh a-staigh agus eadar raointean a' churraicealaim agus a' coinneachadh ri feumalachdan an neach-ionnsachaidh.

Air a chleachdadh ann an raon de dhiofar dhòighean, bidh ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a' beartachadh a' churraicealaim agus a' dèanamh ionnsachaidh beadarach, brìoghmhor agus buntainneach airson chlann is daoine òga. Faodaidh ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh foghlam leasachadh seasmhach a lìbhrigeadh tro iomairtean leithid obair gus bith-iomadachd a mhathachadh san raon-sgoile, a' tadhal air coilltean ionadail, a' dèanamh conaltradh ris a' choimhearsnachd ionadail agus a' leasachadh plana siubhal sgoile.

> ' 'S e an sgoil-coille an rud as fheàrr le mo nighean a dhèanamh an-dràsta. Bidh iad a' toirt lòn cuirm-chnuic leotha, agus bidh cothrom aca air cluiche, rannsachadh agus sgrùdadh agus bidh iad fiù 's a' ròstadh mhìlseagan a' chnap-luis air an teine. Bidh i a' gabhail tlachd às agus bidh i a' bruidhinn mu dheidhinn fad an t-siubhail.'
>
> Pàrant pàiste ann an ionad ro-sgoile

Tha buannachdan slàinte ceangailte ri ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh. Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil cleachdadh 'àitichean uaine' no eacarsaich uaine a' cur slàinte am feabhas. Gu sònraichte, tha ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh san fharsaingeachd ag adhbharachadh ìrean nas àirde de ghnìomhachd bodhaige. A bharrachd air sin, bidh eadar-obrachadh le àitichean uaine (coiseachd, gàirneilearachd, msaa) a' toirt piseach air sunnd faireachail agus slàinte-inntinn.[7]

Ma thathar a' cleachdadh teicneòlas ùr mar phàirt den mhodh-obrach phlanaichte airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh, bidh seo a' cur luach ris na builean airson chlann is daoine òga. Mar eisimpleir, le bhith a' clàradh eòlasan ionnsachaidh gu didseatach, faodar an toirt air ais don t-seòmar-teagaisg agus an cleachdadh gus an t-eòlas a dhaingneachadh agus a leudachadh barrachd. 'S e Glow aon ghoireas a bhios a' toirt taic do dh'ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh, a' comasachadh luchd-foghlaim, daoine òga, clann agus pàrantan gus eòlasan ionnsachaidh a chom-pàirteachadh.

[7] Muñoz, S A, *Children in the Outdoors, A Literature Review*, Sustainable Development Research Centre, 2009

A' co-obrachadh le com-pàirtichean

' 'S ann tro obair ann an com-pàirteachas a bhios Curraicealam airson Sàr-mhathais air a lìbhrigeadh as fheàrr. Bu chòir don h-uile ionad obair còmhla ri com-pàirtichean agus tuigse is cainnt choitcheann a chom-pàirteachadh a thaobh leasachadh sgilean agus an cur an gnìomh.'[8]

Bidh obair ann an com-pàirteachas a' tòiseachadh sna tràth-bhliadhnaichean agus a' cumail a' dol gu 18 agus thairis air sin. Bidh suidheachaidhean is riatanasan ionadail a' toirt buaidh air an raon de chomasan airson com-pàirteachasan a leasachadh. Bidh planadh faiceallach a' cuideachadh gu bhith a' comharrachadh cuin agus càit am biodh luchd-obrach ann an ionad a' faighinn buannachd à obair le com-pàirtichean no buidhnean com-pàirteachais gus eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh adhartachadh agus a mheudachadh. Tha iomadh dòigh chruthachail agus bhrosnachail ann gus gnìomhachdan practaigeach a chur air dòigh, nì a dh'fhaodadh a bhith air a choileanadh nas fheàrr le com-pàirtichean ag obair san raon-sgoile no san àite ionadail. Dh'fhaodadh tachartasan còmhnaidheach a bhith a' tairgse raon gu tur eadar-dhealaichte de chom-pàirtichean agus diofar sheataichean de bhuilean ionnsachaidh.

Faodaidh com-pàirteachasan a bhith a' cur ri pearsanachadh agus roghainnean an luchd-ionnsachaidh le bhith a' toirt seachad slighean agus cothroman airson clann is daoine òga an cuid ionnsachaidh agus sgilean a leasachadh ann an dòighean ùra.

Faodaidh com-pàirtichean speisealta, a dh'fhaodadh a bhith nam proifeiseantaich no nan saor-thoilich le ealantas ann an raointean leithid ailtireachd raointean-sgoile, gnìomhachdan dàna no cleachdaidhean sgoile-coille, a bhith a' tairgse eòlas agus stiùireadh teicnigeach a tha air leth luachmhor. Faodaidh com-pàirtichean saor-thoileach diofar a dhèanamh ri eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a bhith ion-obrachail. Tha Figear 2 a' sealltainn speactram de dh'obair ann an com-pàirteachas, bho far a bheil planadh is ceannardas nan eòlasan ionnsachaidh a' buntainn ri clann is daoine òga gu far a bheil iad air am planadh agus air an lìbhrigeadh le com-pàirtichean a-mhàin. Ma thathar air nàdar agus modh na h-obrach ann an com-pàirteachas a stèidheachadh, bidh seo a' cuideachadh gus tuigse cho-roinnte a leasachadh air adhbharan ionnsachaidh agus a' cuideachadh gus cothroman airson leasachadh proifeiseanta leantainneach (CPD) airson luchd-obrach agus com-pàirtichean a phlanadh. Bidh leasachadh proifeiseanta leantainneach (CPD) de dheagh chàileachd airson a h-uile duine ann an coimhearsnachdan ionnsachaidh glè chudromach airson leasachadh nan eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh.

[8] *A' togail a' Churraicealaim 4: Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh,* 2009

Figear 2: ag obair ann an com-pàirteachas[9]

Ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh air a phlanadh agus air a stiùireadh le daoine òga (le beagan aireachais no aireachas aig astar le luchd-obrach an ionaid agus/no com-pàirtichean)	Ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh air a phlanadh agus air a stiùireadh le luchd-obrach an ionaid	Tha com-pàirtichean gan cleachdadh mar thùs comhairle agus taice, ach tha a' mhòr-chuid de dh'ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh air a phlanadh agus air a stiùireadh le luchd-obrach an ionaid.	Bidh com-pàirtichean a' toirt taic do luchd-obrach an ionaid gus na sgilean agus comasan a leasachadh a dh'fheumar gus eòlasan a lìbhrigeadh gu neo-eisimeileach	Bidh com-pàirtichean ag obair le luchd-obrach an ionaid gus eòlasan a stiùireadh agus am planadh is cur air dòigh a chom-pàirteachadh.	Eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh air am planadh agus air an stiùireadh le com-pàirtichean

[9] Air a fhreagarrachadh bho fhoillseachadh Coimisean Coilltearachd na h-Alba, *Geàrr-chunntas air Sgoil-àraich coille (Forest Kindergarten Summary)*, 2009

Com-pàirteachadh phàrantan is luchd-cùraim

'Bidh pàrantan a' tairgse sealladh air leth air ionnsachadh agus teagasg, nì a dh'fhaodadh luchd-obrach a chuideachadh gus piseach a chur air ionnsachadh airson chlann is daoine òga agus, ann an cuid de shuidheachaidhean, airson nam pàrantan fhèin ... Ge bith cò às a tha pàrantan a' tòiseachadh, tha e cudromach gum bi luchd-teagaisg gan com-pàirteachadh gus na beachdan aca fhaighinn a lorg agus a chom-pàirteachadh faodar gnìomhachdan ionnsachadh teaghlaich a dhealbhadh a dh'aon ghnothach gus pàrantan a chomasachadh a bhith ag ionnsachadh ciamar a dh'fhaodas iad taic a thoirt do ionnsachadh an cuid chloinne.[10]

Tha an taic agus an tabhartas a bhios pàrantan is luchd-cùraim a' toirt seachad glè chudromach. 'S iad na prìomh chom-pàirtichean ann an lìbhrigeadh agus bidh iad a' cuideachadh gus clann is daoine òga ullachadh airson eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh. Faodaidh iad cuideachd ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a thoirt seachad taobh a-muigh shuidheachaidhean foghlaim, a bharrachd air cuideachadh a thoirt seachad airson cuairtean air a' bhlàr a-muigh.

Bu chòir gu bheilear a' toirt làn fhiosrachadh do phàrantan is luchd-cùraim air tursan sam bit a thathar a' planadh, a rèir mhodhan-obrach ionadail, a bharrachd air fios a bhith ga toirt dhaibh mu na buannachdan foghlaim a thig à tursan a rinneadh 'air an spot'. Tha deagh chonaltradh deatamach, uime sin, mar eisimpleir gus pàrantan a chuideachadh a bhith a' tuigsinn luach an ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh agus dèanamh cinnteach gu bheil clann is daoine òga air an ullachadh gu h-iomchaidh a thaobh aodach, biadh agus na tha a dhìth air an latha.

Àitichean far am faodar ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh

Bidh ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a' gabhail àite ann an raon de shuidheachaidhean – bhon raon-sgoile gu làraichean eachdraidheil, bho phàircean ionadail gu pàircean nàiseanta, bho bhailtean beaga gu bailtean mòra, bho chuairtean còmhnaidheach ann an Alba gu triallan thall thairis. Bidh gach cothrom ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a' leigeil le clann is daoine òga a bhith a' rùrachadh àitichean ùra agus a' com-pàirteachadh fèin-fhiosrachaidhean. Dh'fhaodte gum bi beachdan aig luchd-ionnsachaidh air mar a dh'fhaodadh sgìrean ionadail a chleachdadh nach deach an gabhail a-steach aig ìre a' phlanaidh.

[10] HMIE, *Ag ionnsachadh ri chèile: A' fosgladh ionnsachadh*, 2009

Faodaidh cuid de na ceistean a leanas a bhith cuideachail le co-dhùnaidhean air na h-àitichean as fheàrr airson ionnsachadh.

- Dè na h-eòlasan is builean ris am faodar dèiligeadh ann an raointean na sgoile no an ionaid?
- Cò as urrainn comhairle a thairgse air dè tha ri fhaotainn gu h-ionadail agus gu nàiseanta?
- Càit am bi sgoiltean no ionadan san sgìre ionadail a' dol?
- Dè na h-àitichean air am faighear cothrom gu furasta air chois, air chor 's gum faod eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a bhith so-sheasmhach agus/no cunbhalach?
- A bheil na co-theacsaichean ionnsachaidh a thathar a' moladh dùbhlanach gu leòr airson chlann is daoine òga?
- Dè na h-àitichean air am faodar tadhal grunn thursan gus doimhneachd a chur ris an ionnsachadh?
- Dè na h-àitichean air am faodar tadhal aig diofar ràithean gus diofar bhuilean a choileanadh?

Eòlasan ionnsachaidh còmhnaidheach

'A' toirt daoine òga còmhla. . . fad grunn làithean bithear a' toirt seachad àrainneachd far am faod daoine beachdan a rannsachadh a thaobh dearbh-aithne an neach air leth is dearbh-aithne na buidhne.[11]

Sa cho-theacsa seo, tha eòlasan ionnsachaidh còmhnaidheach a' ciallachadh tursan foghlaim far a bheil ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh mar phrìomh fòcas an eòlais agus a tha a' gabhail a-steach fuireach san àite fad aon oidhche no barrachd. Bidh eòlasan ionnsachaidh còmhnaidheach a' gabhail a-steach ionadan chur-seachad air a' bhlàr a-muigh no ostailean-òigridh, campachadh, a' dèanamh bivouac, tolladh san t-sneachd no seòladh bhàtaichean. Tha seo eadar-dhealaichte bho eòlasan ionnsachaidh còmhnaidheach aig a bheil fòcas diofaraichte, leithid iomlaid orcastra-sgoile san Roinn-Eòrpa.

Rè eòlasan ionnsachaidh còmhnaidheach, bidh mòran chothroman ann gus eòlasan is builean a' *Churraicealaim airson Sàr-mhathais* a lìbhrigeadh, gu h-àraid an fheadhainn nach gabh an coileanadh gu furasta sa choimhearsnachd ionadail. Mar eisimpleir, a' dèanamh coimeasadh agus iomsgaradh eadar coimhearsnachdan ionadail agus coimhearsnachdan a tha faisg air an ionad chòmhnaidheach, mar a thathar a' mìneachadh sna h-eòlasan is builean airson chùisean sòisealta. Ann an co-theacsaichean fèin-frithealaidh, faodaidh am planadh agus ullachadh airson biadh a cheannach agus a chòcaireachd a bhith ann an co-rèir ri brosnachadh ghnàthasan a thaobh ithe fhallain airson brosnachadh slàinte is beathachadh.

Bidh tursan còmhnaidheach nas fhaide a' tairgse cruth sònraichte de dhian-ionnsachadh a bhios a' brosnachadh chlann is dhaoine òga a bhith a' com-pàirteachadh ri luchd-obrach is an co-aoisean aig ìre nas doimhne agus a' togail dhàimhean.

Bidh ùine air a caitheamh air falbh bho àrainneachd na dachaigh a' toirt chothroman do chlann is dhaoine òga a bhith a' leasachadh:

- misneachd, le bhith a' fuireach nas neo-eisimeilich agus a' dèanamh cho-dhùnaidhean dhaibh fhèin
- ath-leumachd, le bhith a' toirt air daoine fa leth agus buidhnean uallach a ghabhail orra airson ionnsachadh, fuireach ann an coimhearsnachd agus a' com-pàirteachadh amannan saora.
- faireachdainn de dhànachd, le bhith a' rùrachadh àitichean is àrainneachdan ùra
- cur sùim air na buannachdan a thig à dòigh-beatha fhallain tro ghnìomhachd chorporra
- cothrom airson cnuasachadh air eòlasan is ionnsachadh.

Gus na buannachdan as fheàrr fhaighinn à eòlasan ionnsachaidh còmhnaidheach, bidh planadh is ullachadh — a' gabhail a-steach obair le clann is daoine òga ron turas agus an dèidh làimhe —cudromach airson buntainneas, co-thàthadh, farsaingeachd agus

[11] Higgins, P and Nicol, R, *Learning as Adventure: Theory for Practice*, DfEs and Connexions Service, 2002

doimhneachd an ionnsachaidh. Bu chòir gu bheil obair pròiseict rè an eòlais ionnsachaidh chòmhnaidhich a' togail air na chaidh ionnsachadh mar-thà. Ma thathar a' toirt gnìomh iomchaidh de dheagh chàileachd air ais do dh'àrainneachd na sgoile, bidh seo a' glèidheadh eileamaid de dhoimhneachd san eòlas ionnsachaidh. Ma chleachdar teicneòlasan leithid Glow, bithear a' toirt taic do leithid de mhodh-obrach, a' leigeil le clann is daoine òga a bhith ag aithris mu dheidhinn eòlas ionnsachaidh fhad 's a tha e a' tachairt. Far a bheil e iomchaidh, bidh aireachas neo-dhìreach no aireachas aig astar a' cur ris an eòlas ionnsachaidh le bhith a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh a bhith nas neo-eisimeilich.

San fharsaingeachd, ma tha clann is daoine òga gu bhith a' faighinn na buannachd as fheàrr bhon eòlas ionnsachaidh chòmhnaidheach aca, tha e deatamach gu bheil mion-phlanadh ga choileanadh le solaraichean an eòlais ionnsachaidh chòmhnaidhich. Ma thathar a' comharrachadh agus a' riarachadh dreuchdan is dleastanasan airson ionnsachadh, teagasg agus aithneachadh buileachaidh, bidh seo a' toirt fòcas don rùn fhoghlamach.

> 'Tha e a' còrdadh rium oileanaich fhaicinn taobh a-muigh an t-seòmair-teagaisg far a bheil iad a' dèanamh rudeigin air a bheil fiosam gu bheil iad comasach ach a tha ma dh'fhaodte taobh a-muigh an eòlais aca gu ruige seo … Dh'fhaodadh iadsan a tha sàr-mhath san t-seòmar-teagaisg a bhith nas neo-chofhurtail far a bheil iad ann an suidheachadh co-ionann, agus faodaidh sgoilearan a tha 'do-fhaicsinneach' san sgoil a bhith nas soirbheachaile, agus fiù 's air cheann ghnothaichean aig amannan.'
>
> Prìomh thidsear, ealain is deilbh

HH
HH

Ag aithneachadh coileanadh agus buileachadh

'Feumar measadh a dhèanamh air an raon fharsaing de dh'ionnsachadh phlanaichte tarsainn an raoin iomlain de cho-theacsaichean agus suidheachaidhean sam bithear an sàs sa churraicealam … Bithear a' dèiligeadh ri ionnsachadh gach cuid taobh a-staigh agus taobh a-muigh shuidheachaidhean foghlaim agus sheòmraichean-teagaisg.[12]

Bidh ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a' toirt seachad suidheachaidhean ùra sam faod clann is daoine òga sealltainn dè tha iad eòlach air agus dè is urrainn dhaibh dèanamh agus, mar sin, sam faodar an cuid eòlais is sgilean a mheasadh. Le bhith a' measadh ionnsachadh ann an co-theascaichean eadar-dhealaichte air a' bhlàr a-muigh, faodar cothroman fhaighinn gus ìrean dùbhlain atharrachadh a rèir feumalachdan is comasan dhaoine fa leth tarsainn raon farsaing de sgilean pearsanta, eadar-phearsanta agus practaigeach. Bidh co-theacsaichean eadar-mheasgte, sàr eadar-obrachaidhean, fios air ais a tha cuideachail agus a bhios a' tachairt sa bhad, agus àm airson cnuasachadh a' cur ri farsaingeachd is doimhneachd nam pròiseasan measaidh.

Taobh a-staigh a' churraicealaim, tha measadh bunaiteach do dh'ionnsachadh is teagasg èifeachdach.

Figear 3[13]: ionnsachadh is teagasg, curraicealam agus measadh



[12] *A' togail a' Churraicealaim 5: Frèam-obrach airson Measadh*, 2010
[13] *A' togail a' Churraicealaim 5: Frèam-obrach airson Measadh,* 2010

Bu chòir gu bheil luchd-foghlaim ag aithneachadh an àite a chluichear le teicneòlasan leithid Glow ann a bhith a' toirt taic do bhuileachadh nas fheàrr agus a' toirt seachad cothroman iomchaidh planaichte airson coileanadh ann an diofar cho-theacsaichean: coileanadh a tha airidh air aithneachadh air sgàth cho cudromach 's a tha e airson luchd-ionnsachaidh, an teaghlaichean agus an coimhearsnachdan.

Bidh mòran chloinne is dhaoine òga an sàs ann an raon de ghnìomhachdan foirmeil is neo-fhoirmeil taobh a-staigh coimhearnsachd na sgoile agus thairis air sin a bhios a' tairgse chothroman gus raon de choileanaidhean aithneachadh.

'Bu chòir gu bheil measadh ga chur an gnìomh taobh a-muigh an t-seòmair-teagaisg'[14]

Tha planaichean leasachadh sgoiltean gan dealbhachadh le bhith a' tarraing air raon farsaing de dh'fhianais, a' gabhail a-steach fiosrachadh air measadh. Bidh measadh air eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a' toirt seachad fianais luachmhor a bhios a' cur ri plana leasachadh na sgoile.

Gus measadh a dhèanamh air adhartas dhaoine fa leth, faodar aithris air sgilean deatamach, agus an clàradh, tro chùram-roinne ionnsachaidh, profaidhlean ionnsachaidh agus/no aithrisean. Ma tha clann is daoine òga a' gabhail pàirt ann am pròiseas a' mheasaidh, bidh seo gan cuideachadh gus uallach a ghabhail airson an ionnsachaidh aca fhèin.

Taobh a-staigh na h-ìre as àirde, thèid aig daoine òga creideasachadh sgilean iarraidh tro raon de theisteanasan nàiseanta agus duaisean fhad 's a tha iad a' cumail orra a' leasachadh ann an raointean eile a tha nas fharsainge. Gheibhear slighean a dh'fhaodadh leantainn gu creideasachadh ann an *A' togail a' Churraicealaim 5*.

'Ged a bhios an cothrom rannsachadh airson theisteanasan na phrìomh fheart den ìre as àirde, bidh cothroman planaichte eile ann gus na ceithir comasan a leasachadh. Bidh seo a' gabhail a-steach còir leantainneach airson ionnsachadh agus eòlasan a bhios a' leasachadh sgilean litearrachd agus àireamhachd an duine òg, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh. Bu chòir gu bheil brosnachadh dòigh-beatha ghnìomhach agus fhallain agus beagan tuigse air an t-saoghal agus air an àite a th' aig Alba ann nam pàirt de seo.'[15]

[14] HMie, *Ag ionnsachadh còmhla: A' fosgladh ionnsachadh*, 2009

[15] *A' togail a' Churraicealaim 3: Frèam-obrach airson Ionnsachadh agus Teagasg*, 2009

Feumaidh luchd-teagaisg fa leth, sgoiltean, clustairean, ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd (CLD), coimhearsnachdan ionadail agus ùghdarrasan ionadail toirt fa-near na diofar dhòighean sa bheil coileanadh ga chomharrachadh. Tha duaisean coileanaidh, leithid Duais Diùc Dhùn Èidinn, ASDAN (sgeama duais lianra leasachaidh agus ath-chreideasachaidh), Duais Iain Muir agus duais luchd saor-thoileach na Mìle-bliadhna, glè fheumail agus is tric a thathar gan cleachdadh gus soirbheas aithneachadh agus a chomharrachadh ann am pròg raman sònraichte. Tha cuid de na buidhnean duaiseachaidh air tòiseachadh air an cuid phròg raman a cho-thaobhadh a rèir eòlasan is builean a' *Churraicealaim airson Sàr-mhathais*. Gheibhear làn fhiosrachadh air duaisean coileanaidh air a' ghoireas air-loidhne.

Bidh toirt a-steach a' Bhaccalaureate Albannach, gu h-àraid ann an saidheans, aig Àrd-ìre agus aig Àrd-ìre Adhartach, còmhla ri pròiseact eadar-chuspaireil, a' tairgse chothroman airson a' bhlàr a-muigh a chleachdadh mar cho-theacsa airson ionnsachadh.

Goireas fèin-luachaidh

Bu chòir gu bheil fèin-luachadh na phàirt dheatamach airson eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a phlanadh. Tha an goireas fèin-luachaidh airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh ri fhaotainn air CD agus air a' ghoireas air-loidhne. Chaidh a dhealbhachadh a dh'aon-ghnothach gus taic a thoirt do luchd-teagaisg agus luchd-foghlaim sa h-uile raon, a' gabhail a-steach CLD, gus measadh a dhèanamh air comas na h-obrach aca gus clann is daoine òga a chuideachadh a bhith ag ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh. Tha an goireas a' cur fòcas sònraichte air cuideachadh a thoirt do sgoiltean is ionadan gus a' bhuaidh aca a mheasadh nuair a tha iad a' toirt seachad eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a tha air an dealbhachadh gus piseach a chur air coileanaidhean, soirbheasan agus càileachd an ionnsachaidh a bhios daoine òga a' faighinn. Tha e stèidhichte air còig prìomh fheartan agus air cuspairean nan taisbeanairean càileachd bho *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* (HGIOS). Tha an goireas a' gabhail a-steach ceistean agus eisimpleirean agus tùsan fianaise gus taic a thoirt do dheagh chleachdadh mu na còig builean agus gabhaidh a chleachdadh aig a h-uile ìre gus raointean leasachaidh a chomharrachadh.

Tùs-thrèanadh thidsear agus leasachadh proifeiseanta leantainneach

Tha dreuchd chudromach aig tùs-trèanadh thidsear agus leasachadh proifeiseanta leantainneach ann a bhith ag uidheamachadh an luchd-teagaisg is luchd-foghlaim leis na sgilean iomchaidh a tha riatanach gus ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh de dh'àrd-chàileachd a lìbhrigeadh. Le barrachd tuigse agus eòlas air ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a fhuair iad rè tùs-thrèanadh agus bho thaic a bharrachd a fhuaireadh tro CPD, bidh misneachd thidsearan ùr-teisteanaichte air a neartachadh.

Tha iadsan a tha an sàs ann am foghlam luchd-teagaisg glè chudromach airson dèanamh cinnteach gu bheil luchd-teagaisg ann an trèanadh a' cur luach air ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh sa churraicealam, mar eisimpleir le bhith a' leasachadh phrògraman agus a' dearbhadh dhuaisean aig a bheil ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh mar phrìomh chom-pàirt dheth. Airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh fhoirmeileachadh ann an duaisean aithnichte, bidh feum air co-obrachadh le Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba.

Le leasachadh proifeiseanta leantainneach (CPD) ann an raointean leithid dealbhachadh agus planadh eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh, agus stiùireadh agus treòrachadh bhuidhnean, bidh misneachd agus sgilean luchd-teagaisg is luchd-foghlaim air am meudachadh airson clann is daoine òga a thoirt a-mach. Bidh lìonraidhean riochdachail nan ùghdarrasan ionadail a' cuideachadh gus comas a thogail airson barrachd chothroman CPD ann an ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh tro chom-pàirteachaidh eòlais, aontachadh ro-innleachdan agus sgaoileadh fiosrachadh.

Ma tha luchd-foghlaim airson faighinn a-mach dè CPD a tha a dhìth orra, dh'fhaodadh iad na ceistean a leanas fhaighneachd:

- Dè dh'fheumas mi a bhith eòlach air?
- Ciamar a gheibh mi a-mach tuilleadh?
- Ciamar a dh'fhaodas mi ionnsachadh ùr amalachadh sa chleachdadh agam?
- Ciamar a dh'fhaodas mi an t-ionnsachadh agam a chom-pàirteachadh?

Bu chòir aire a thoirt do bhuannachdan teicneòlais air-loidhne gus taic a thoirt don ro-innleachd CPD, leithid:

- cleachdadh Glow gus taic a thoirt don choimhearsnachd phroifeiseanta a tha an sàs ann an ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh
- a' dèanamh cinnteach gu bheil cothroman CPD airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh air am fighe a-steach sa phròiseas aig an ùghdarras ionadail airson lèirmheas is leasachadh proifeiseanta (PRD)
- 'CPD lorg' agus 'CPD cnuasaich'.

Tha sinn a' cuideachadh chlann gu bhith nam measairean cunnairt, agus tha sin na phàirt mhòr den obair againn ... Tha sinn a' creidsinn gur e aon de na cunnartan as motha ann am beatha a bhith a' mì-thuigsinn dè th' ann an cunnart. Tha e glè chudromach a bhith comasach air rianachd a chumail air cunnartan … Bidh sinn a' faicinn na cloinne a' measadh dè tha iad comasach air a dhèanamh dhaibh fhèin ... Bidh sinn a' feuchainn ri taic a thoirt do chlann gus an ath cheum a ghabhail agus taic a thoirt dhaibh agus an comas aca ga leasachadh.

Tidsear clas-àraich

Toirt fa-near slàinte is sàbhailteachd

Tha e deatamach rianachd a chumail air slàinte is sàbhailteachd luchd-ionnsachaidh agus luchd-obrach ann an ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh, ach le planadh agus dòigh-ghiùlain chùramach faodaidh eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a bhith gach cuid sàbhailte agus brosnachail. A thaobh mòran ghnìomhachdan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh, chan eil an cunnart a tha nan lùib nas motha na gnìomhachdan is suidheachaidhean air am bi luchd-ionnsachaidh a' cur aghaidh bho latha gu latha.

Fon lagh, thathar an dùil gum bi ceannardan is eile a' cumail rianachd air riosgan susbainteach cho fad 's a ghabhas a dhèanamh gu reusanta – chan eil seo a' ciallachadh gum feumar cur às dhan uile riosg. Uime sin, airson gach eòlas ionnsachaidh, bu chòir do phearsa iomchaidh co-dhùnadh a dhèanamh a bheil an co-chothromachadh eadar cunnart agus cothrom iomchaidh airson an luchd-ionnsachaidh uile a bhios an sàs ann.
Faodaidh mion-sgrùdadh air cunnartan/buannachdan a bhith na dhòigh-obrach chumhachdach airson buannachdan an tachartais a cho-chothromachadh fa chomhair nan cunnartan inntrinsigeach, còmhla ri measadh cunnairt.

Tha an luchd-teagaisg agus daoine eile a bhios a' toirt chlann is daoine òga a-mach ann an suidheachadh air leth airson am pròiseas seo a stiùireadh. Bu chòir gu bheil an seasamh aca a' comasachadh ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh ann an dòigh a tha a' comharrachadh chothroman brosnachail, cruthachail airson ionnsachadh. Far a bheil e iomchaidh, bu chòir dhaibh stiùireadh foillsichte a chleachdadh, còmhla ri comhairle bho luchd-obrach àrd-rangach agus bho speisealaich, gus an cunnart a lùghdachadh do ìre ris a bheilear deònach a ghabhail.

Uaireannan nuair a thathar a' planadh, dh'fhaodadh gum bi uiread de dh'eagal ann a thaobh cur às don chunnart no cumail smachd air 's gu bheilear a' faireachdainn gu bheil e do-dhèante an t-eòlas ionnsachaidh a thabhann. Aig a' phuing sin, feumar beachdachadh gu dian air a' ghnothach, ach chan eil sin a' ciallachadh gum feumar na planaichean a chur dheth. Cha bu chòir gu bheilear a' cur a' chothruim seachad air clann is daoine òga dìreach a chionn 's gu bheil cunnart air choreigin ann, a tha susbainteach ach eucoltach, nach b' urrainnear cur às dha gu tur. Ma thathar air chur às don h-uile riosg a dh'fhaodadh tachairt, bithear a' toirt air falbh cothroman bho luchd-ionnsachaidh a bhith a' leasachadh ro-innleachdan is seasamhan dhaibh fhèin a thaobh cunnairt. Bu chòir gu bheil luchd-ionnsachaidh aig meadhan pròiseas rianachd nan cunnartan bhon chiad dol-a-mach.

Tha an stiùireadh seo ag aithneachadh gu bheil cothroman deimhinneach agus àicheil an lùib riosg. Le ro-smaoin is planadh cùramach, tha e comasach cunnartan neo-reusanta a thoirt air falbh bho ghnothach gun sradag dheàlrach a chur às bhon turas-dàna phearsanta a tha aig cridhe ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh.

Nuair a thathar a' planadh agus a' toirt fa-near nan cunnartan is buannachdan, tha e cudromach a bhith a' beachdachadh air:

- A bheil an ìre de dhùbhlan iomchaidh do bhuidheann an luchd-ionnsachaidh?

- Ciamar a mheasar cunnartan agus ciamar a thèid an co-chothromachadh fa chomhair nam buannachdan ris am faodar a bhith an dùil?
- Am faodar adhbhar an ionnsachaidh airson an eòlais seo fhìrinneachadh fiù 's mura tèid a h-uile nì a rèir a' phlana?
- A bheil na h-ullachaidhean stiùiridh freagarrach airson na làraich a chaidh a thaghadh?
- A bheil na sgilean, teisteanasan agus eòlas iomchaidh aig a' cheannardas agus luchd-obrach aireachais?
- Ciamar a bhios sinn a' dèanamh conaltradh ri pàrantan is luchd-cùraim?
- Am biodh buannachd ann nan robh sinn a' toirt luchd-com-pàirt air bòrd?
- A bheil eisimpleirean buntainneach de dheagh chleachdadh ann air am b' urrainn dhuinn tarraing?

Faodar barrachd fiosrachaidh a lorgair a' ghoireas air-loidhne.

Cur an gnìomh

Thèid aig luchd-foghlaim agus buidhnean togail air a' chleachdadh làithreach ann a bhith a' cur an gnìomh an *Curraicealam airson Sàr-mhathais tro Ionnsachadh air a' Bhlàr A-muigh*.

Aig ìre nàiseanta, tha buidhnean riaghaltais, buidhnean nàiseanta agus luchd-com-pàirt eile nan luchd-ùidhe cudromach a thaobh fiosrachadh, ealantas agus leasachadh proifeiseanta leantainneach (CPD) a thoirt seachad gus taic a thoirt do luchd-obrach ann a bhith a' lìbhrigeadh eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh. Bidh barrachd obrach ann an com-pàirteachas leantainneach eadar buidhnean riaghaltais a' cuideachadh gus modh-obrach co-òrdanaichte fhaighinn airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh agus a' toirt gu buil an ìre as motha de stòrasan ann an raointean leithid rannsachadh no leasachadh proifeiseanta leantainneach (CPD). Ma thathar ag aithneachadh na tha ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a' cur ri clàran-gnothaich leithid foghlam air leasachadh seasmhach, a bhith beò gu fallain agus sgilean airson cosnadh, bithear a' cuideachadh gus poileasaidhean amalachadh. Bidh lìonra nàiseanta airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a' toirt seachad ceannardas ro-innleachdail agus a' brosnachadh leasachaidhean ann an raointean leithid planadh, CPD agus barantachd càileachd.

Aig ìre an ùghdarrais ionadail, tha obrachadh co-obrachail agus planadh ro-innleachdail tarsainn sheirbheisean deatamach gus plana fad-ùghdarrais a leasachadh no a chruthachadh gus am faigh clann is daoine òga cothrom nas fheàrr air eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh de deagh chàileachd. Ann an cuid de dh'ùghdarrasan ionadail, tha oifigear ainmichte no co-òrdanaiche ann airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh. Ma thathar a' riarachadh ùine airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh rè trèanadh in-sheirbheis, bidh seo a' cuideachadh gus lìonraidhean ionadail agus roinneil a leasachadh agus a stèidheachadh airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh. Faodaidh buidhnean nàiseanta agus ionadail a' cuideachadh gus modh-obrach co-chothromaichte agus co-rèireach a choileanadh a thaobh slàinte is sàbhailteachd ann an ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh.

Aig ìre a' chlustair agus na coimhearsnachd, ma thathar a' leasachadh lìonraidhean gus eòlasan ionnsachaidh a phlanadh, bidh seo a' cuideachadh gus eòlas agus goireasan a chom-pàirteachadh. Ma thathar a' comharrachadh an luchd-obrach aig a bheil an t-ealantas gus taic a thoirt do luchd-obrach aig nach eil an uimhir de dh'eòlas, bidh seo a' cur ri CPD ann an ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh.

Aig ìre na buidhne, bidh lèirmheas air cleachdadh ann an co-rèir ri *Curraicealam airson Sàr-mhathais tro Ionnsachadh air a' Bhlàr A-muigh* a' cuideachadh gus cothroman ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a chomharrachadh agus a phlanadh gu tric, gu cunbhalach agus gu seasmhach. Ma thathar a' stèidheachadh agus a' cumail suas com-pàirteachasan eadar luchd-obrach agus eadar buidhnean, bidh seo a' cur ri CPD agus a' meudachadh chothroman gus goireasan a chom-pàirteachadh. Ma thathar a' comharrachadh no ag ainmeachadh neach-obrach air a bheil uallach sònraichte, faodaidh seo a bhith na dhòigh fheumail gus ìomhaigh agus taic àrdachadh airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh. Ma thathar a' cleachdadh Glow mar phortal airson iomlaid fiosrachaidh, bidh seo a' leasachadh agus a' toirt taic do cheanglaichean eadar buidhnean.

Aig ìre an neach fa leth, is tric gu bheil iadsan air a bheil an t-uallach airson ionnsachadh ann an sàr shuidheachadh airson nan eòlasan ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a phlanadh agus a lìbhrigeadh. Gheibhear fiosrachadh agus ceanglaichean sa ghoireas air-loidhne gus cuideachadh a thoirt seachad airson ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a phlanadh, còmhla ri eisimpleirean de chleachdadh. Tha *Curraicealam airson Sàr-mhathais tro Ionnsachadh air a' Bhlàr A-muigh* ag amas air taic a thoirt do luchd-obrach gus ionnsachadh a thoirt a-mach air a' bhlàr, air stèidh nas cunbhalaiche agus nas trice, sa choimhearsnachd ionadail agus nas fharsainge.

Co-dhùnadh

Le *Curraicealam airson Sàr-mhathais* ga fhighe a-steach sa h-uile ionad agus ann an co-theacsaichean ionnsachaidh eile, seo an t-àm dligheach airson luchd-foghlaim agus com-pàirtichean eile a bhith a' cruthachadh, a' leasachadh agus a' lìbhrigeadh chothroman ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a dh'fhaodas a bhith air am fighe a-steach sa churraicealam ùr. Bho raointean-sgoile gu sràidean a' bhaile mhòir, bho choilltean gu tuathanasan, bho ghlumaigean gu frith-rathaidean, bho chostachan gu caistealan, bho mhonaidhean gu beanntan, ann an Alba tha beartas de chothroman ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a bhios a' cuideachadh chlann is dhaoine òga gus ceanglaichean a dhèanamh taobh a-staigh
agus tarsainn raointean a' churraicealaim. Bidh ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a' meudachadh ionnsachadh san t-seòmar-teagaisg agus tha e na dhòigh chumhachdach airson dèiligeadh ri builean nàiseanta Riaghaltas na h-Alba. Is tric gu bheil ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh nas èifeachdaiche na ionnsachadh a-staigh. Nuair a thathar ag obair ann an com-pàirteachas, ma tha dreuchdan is dleastanasan chom-pàirtichean air an comharrachadh gu soilleir, bidh seo a' cur fòcas air an rùn fhoghlamach agus faodaidh e a bhith a' cur ri CPD. Tha planadh fòcasaichte air eòlasan ionnsachaidh, a tha adhartach agus seasmhach, air a' bhlàr a-muigh cudromach airson soirbheas.

Bidh eòlasan den leithid sin, bho na tràth-bhliadhnaichean gu ruige inbheachd, a' cuideachadh na cloinne is dhaoine òga againn a bhith ag inntrigeadh foghlam, cosnadh no trèanadh leis na sgilean tar-aisigeach a tha a dhìth gus na cothroman is dùbhlain a choileanadh ann an saoghal a tha ag atharrachadh cho luath.

Bidh an goireas air-loidhne air ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh a' stiùireadh luchd-foghlaim agus com-pàirtichean gu goireasan agus fiosrachadh a bheir taic do luchd-obrach.

Tha *Curraicealam airson Sàr-mhathais tro Ionnsachadh air a' Bhlàr A-muigh* air lèirsinn a chur an cèill airson a h-uile sgoil is suidheachadh foghlaim gus cothroman ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh a thoirt seachad gu tric agus gu adhartach agus ann an dòigh far a bheil e soilleir gu bheil iad nam pàirt den churraicealam. Tha uallach air a h-uile duine a tha an sàs ann am foghlam a bhith ag aithneachadh an àite a th' aig ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh taobh a-staigh a' churraicealaim agus a bhith a' planadh a rèir sin gus dèanamh cinnteach gu bheil clann is daoine òga uile ann an Alba a' faighinn nan cothroman seo mar phàirt den t-slighe ionnsachaidh aca.

Ionnsachadh agus Teagasg na h-Alba
The Optima, 58 Sràid
MhicDhonnchaidh, Glaschu G2 8DU
Customer Services: 08700 100 297
Enquiries@LTScotland.org.uk
www.LTScotland.org.uk

Learning
+Teaching
Scotland